

# AG IONNSACHADH SAN SGOIL

## Fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim mu ionnsachadh aig an Dàrna ìre



Nuair a tha am pàiste agad ann an C5, C6 no C7, canaidh sinn gu bheil iad ag ionnsachadh aig an Dàrna ìre. Do chuid de chlànn faodaidh an ìre seo tighinn nas tràithe no nas fhaide air adhart. Tha pàirt dhen ionnsachadh againn san sgoil mu **dhàimhean, mu bhith sàbhailte, mu fhàs, mum bodhaigean, mar a tha beatha duine a' tòiseachadh, leatromachd, breith agus na tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim**. Tha seo na phàirt dhen ionnsachadh Slàint' is Sunnd againn air a bheil *Dàimhean, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd*.

### Nuair a tha sinn a-mach air dàimhean tha clann ag ionnsachadh:

- Na tha gan dèanamh sònraichte agus dè tha a' fàgail daoine choltach agus ao-coltach (iomadalachd)
- A' togail dhàimhean/a' dèanamh charaidean
- Na tha e a' ciallachadh a bhith nad bhalach no nad nighean agus gu bheil e an urra riutha fhèin dè an seòrsa balaich no nighean a bhios anntasan
- Dàimhean gaoil agus nòisean do dhaoine eile
- Spèis do dhaoine eile agus cho cudromach 's a tha e a bhith còir – an dà chuid aghaidh ri aghaidh no air-loidhne

### Nuair a tha sinn a-mach air sàbhailteachd, tha clann ag ionnsachadh mu:

- Na meadhanan sòisealta agus a bhith sàbhailte agus glic air-loidhne
- A bhith a' faireachdainn sàbhailte agus mì-shàbhailte
- Dìofar sheòrsachan suarachais agus droch dhìol a thachras do chlànn
- Na tha sinn a' ciallachadh le aonta
- Cò thuige a thèid iad airson taic agus cuideachadh

### When it comes to growing up and learning about their body children learn about:

#### Nuair a tha sinn a' coimhead ri fàs agus ionnsachadh mum bodhaig, tha clann ag ionnsachadh:

- Mu bhith a' taghadh agus a' cur romhpa?
- A' coimhead às deidh am bodhaig agus gan cumail fhèin glan
- Inbhidheachd agus mar a tha bodhaigean agus faireachdainnean bhalaich agus nigheanan ag atharrachadh nuair a tha iad a' fàs
- Na tha feise/a bhith ri feise a' ciallachadh agus mu casg-gin agus condoman

### When it comes to conception, pregnancy, birth and being a parent/carer children learn about:

#### Nuair a tha sinn a-mach air gineamhainn, leatromachd, breith agus a bhith nad phàrant/neach-cùraim, tha clann ag ionnsachadh:

- Mar a tha bèibidh ga dhèanamh (gineadh)
- Leatromachd agus mar a tha bèibidh ga bhreith
- Na tha an lùib a bhith nad phàrant agus an seòrsa parant a bhiodh annta fhèin

## Ciamar a tha sinn ag ionnsachadh san sgoil?

Tha iongnadh air clann aig an aois seo. Tha ùidh mhòr aca ann an dàimhean eadar daoine, mu bhith ag ionnsachadh mu na bodhaigean aca agus bidh ceistean aca mu fheise. Ged a tha ionnsachadh san sgoil cudromach, tha iad cuideachd feumach air am pàrantan agus an luchd-cùraim airson coimhead às an dèidh, cùram agus gaol a thoirt dhaibh agus gus deagh ghiùlan agus deagh bheusan ionnsachadh dhaibh a bhios aca fad am beatha. Do chlann aig an aois seo tha ionnsachadh tro chluich agus labhairt fìor chudromach. San sgoil cleachdaidh sinn còmhraidh, geamaichean, dèanamh dhealbhan, agus sgeulachdan airson taic a chur ri ionnsachadh slàinte is sunnd. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air na bhios sinn a' cleachdadh anns a' ghoireas nàiseanta seo aig: <https://rshp.scot/second-level/>